

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

Airson a chleachdadh sa bhad – Dimàirt 17/04/2012

Colmcille a’ fosgladh a-rithist

Tha Colmcille a’ toirt am follais taic do phròiseactan ùra a tha a’ comharrachadh dualchas cànanach is cultarach na h-Èireann ’s na h-Alba.

Na phrògram com-pàirteachas a bhios ag adhartachadh an dualchais cànanach is cultarach a tha co-roinnte eadar Èirinn agus Alba – tha Colmcille an-diugh air taic a thoirt am follais do dh’ iomairtean coimhearsnachd, foghlaim, ealain, foillseachaidh agus pròiseactan dhaoine òga.

Tha Colmcille ag adhartachadh tuigse don eòlas eadar-dhealaichte agus don chultar ann an coimhearsnachdan Gàidhlig na h-Alba is na h-Èireann, a thuilleadh air a bhith a’ brosnachadh deasbad mu dhraghan coitcheann a thaobh cùisean sòisealta, cultarach agus eaconamach, a’ sùileachadh ri fèin-mhisneachd a thogail an taobh a-staigh nan coimhearsnachdan Gàidhlig. Faodaidh iarrtasan taic tabhartais a chur a-steach suas gu Dihaoine 18mh Cèitean.

Thuir Leasaiche Cànan Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig, Dabhidh Boag: “Tha sinn a’ cur fàilte air iarrtasan a bhios a’ leasachadh dhàimhean ùra eadar coimhearsnachdan a tha a’ labhairt Gàidhlig na h-Alba agus coimhearsnachdan a tha a’ labhairt Gàidhlig na h-Èireann, agus ag àrdachadh nan ceanglaichean a th’ ann cheana. Feumaidh iarrtasan uile a bhith cuimsichte gu làidir air cànan, agus a’ ceangal Gàidhlig na h-Alba agus na h-Èireann. ’S e aon de phrìomh phrionnsapalan Cholmcille gum bi a chuid obrach agus pròiseactan le taic tabhartais a’ togail mothachadh do mar a tha Gàidhlig a’ cur ri dearbh-aithne chultarach an dà chuid Èirinn agus Alba, agus tha sinn a’ cur fàilte gu h-àraid air iarrtasan airson pròiseactan ùra agus ùr-ghnàthach a bhios a’ leasachadh dhòighean tùsail ùra air coimhearsnachdan Gàidhlig na h-Alba agus na h-Èireann a riochdachadh.”

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Thar nam bliadhnaichean, tha Colmcille air taic a chur ri grunn phròiseactan foghlaim eadar Èirinn agus Alba aig an dàrna is treas ìre. 'S e Slighe Chaluim Chille aon de na prìomh phròiseactan ris an do chur Colmcille an taic sa bhliadhna dh'fhalbh, slighe a tha a' leantainn beatha Chaluim Cille – an naomh Èireannach – a thug an creideamh Crìosdail gu taobh siar na h-Alba agus nas fhaide na sin.

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu shusbaint na brath naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, Oifigear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d gu steven@gaidhlig.org.uk no le fònadh fòn-làimhe: 07557 481 081.

FIOSRACHADH DON LUCHD-DEASACHAIDH:

'S e prògram com-pàirteachais a th' ann an Colmcille eadar Bòrd na Gàidhlig, a' bhuidheann air a bheil dleastanas cànan agus cultar na Gàidhlig adhartachadh ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta, agus Foras na Gaeilge, a' bhuidheann le dleastanas air Gàidhlig na h-Èireann adhartachadh ann an Eilean na h-Èireann.

Chaidh Colmcille a stèidheachadh ann an 1997, agus tha e maoinichte le Riaghaltasan na h-Alba agus eilean na h-Èireann le ùghdarras airson coimhearsnachd bheothail eadar-obrachail a chruthachadh eadar Èirinn agus Alba. Tha Colmcille a' gabhail os làimh agus a' cur taic ri pròiseactan a bhios a' togail mothachadh don dualchas Ghàidhlig a tha co-roinnte eadar Èirinn agus Alba.

'S e Gàidhlig agus Gaeilge an cànan coimhearsnachd anns a' mhòr-chuid de na coimhearsnachdan làidir traidiseanta ann an Gàidhealtachd/Gaeltacht na h-Èireann agus na h-Alba, agus tha iad cuideachd air an cleachdadh gu làitheil taobh a-muigh na Gaeltacht ann am bailtean mòra mar Glaschu, Inbhir Nis, Dùn Èideann, Doire, Béal Feirste agus Baile Átha Cliath

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For Immediate use, Tuesday 17/04/2012

Colmcille Fund reopens

Colmcille launches support for new projects celebrating the linguistic and cultural heritage of Ireland and Scotland.

A partnership programme which promotes the shared linguistic and cultural heritage of Ireland and Scotland, Comcille has today launched support for new community initiatives, education, arts, publishing and youth projects.

Colmcille fosters understanding of the diverse experience and culture of the Scottish & Irish Gaelic communities, as well as encouraging debate on common concerns in social, cultural and economic issues with a view to building self-confidence within the Gaelic language communities.

To fulfil its aims, Colmcille encourages the participation of a wide range of communities and organisations. Applications will be accepted until Friday 18th May.

Head of Gaelic Usage at Bòrd na Gàidhlig, David Boag said: “We welcome applications that develop new relationships between communities which speak Scottish Gaelic and communities which speak Irish Gaelic, and enhance the links already existing. All applications must have a strong focus on language, and link Scottish and Irish Gaelic. One of the underlying principles of Colmcille is that its work and grant aided projects heighten awareness of the contribution of Gaelic to the cultural identity of both Ireland and Scotland and we will especially welcome applications for fresh and innovative projects which develop new original ways of representing Gaelic Ireland and Scotland.”

Over the years Colmcille has also supported various second and third level educational projects between Ireland and Scotland. One of its most recent flagship projects is Slí Cholmcille (St Columba Trail), which maps out the journey of Colmcille – St Columba – the Irish saint who took Christianity to the west coast of Scotland and beyond.

ENDS

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Officer, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or phoning mobile: 07557 481 081.

NOTE TO EDITORS:

Colmcille is a partnership programme between Bòrd na Gàidhlig, the body charged with promoting Gaelic language and culture in Scotland and internationally, and Foras na Gaeilge, the body charged with the promotion of the Irish language in the island of Ireland.

Colmcille was set up in 1997, and is funded by the Governments of Scotland and Ireland with a remit to 'create a vibrant interactive community spanning Ireland and Scotland. Colmcille undertakes and supports projects that raise awareness of the shared Gaelic heritage of Ireland and Scotland

Gàidhlig and Gaeilge is the community language in much of the traditional Gaidhealtachd/ Gaeltacht heartlands of Ireland and Scotland and is also in use on a daily basis by many people outside the Gaeltacht in the cities of Glasgow, Inverness, Edinburgh, Derry, Belfast and Dublin.